

Comhairle na Gàidhealtachd

Cuspair Clàir-ghnothaich	9
Àir. Aithisge	G/15/26

Comataidh: Gàidhlig

Ceann-latha: 26 Lùnastal 2026

Tìotal Aithisge: Tabhartas Sònraichte na Gàidhlig 2026/27

Aithisg le: Iar-Àrd-Oifigear – Daoine

1. Adhbhar/Geàrr-chunntas Gnìomhach

- 1.1 'S e adhbhar na h-aithisge seo fiosrachadh a thoirt do Bhuill Chomataidh na Gàidhlig mun iarrtas tabhartais a chaidh a chur a-steach gu Riaghaltas na h-Alba airson Tabhartas Sònraichte na Gàidhlig 2025/26 agus cothrom a thoirt seachad beachdachadh air na pròiseactan dhan toir am maoineachadh seo taic.

2. Molaidhean

- 2.1 Thathar ag iarraidh air Buill:
- toirt fa-near do na trì pròiseactan agus do na toraidhean a tha air am mìneachadh ann an tairgse Tabhartas Sònraichte na Gàidhlig;
 - toirt fa-near dhan phrògram obrach dham bi an tabhartas a' toirt taic agus gu bheil iad seo air an atharrachadh seach nach deach an t-sùim iomlan fhaotainn; agus
 - toirt fa-near gu bheil an tabhartas de £940,000 a tha air a thabhann le Riaghaltas na h-Alba air a chumail aig an aon ìre ris a' bhliadhna roimhe.

3. Builean

- 3.1 Goireas
- Tha am maoineachadh a tha air a thoirt seachad le Riaghaltas na h-Alba tro Thabhartas Sònraichte na Gàidhlig (TSG) a' toirt seachad taic luachmhor do raon farsaing phròiseactan a tha a' cuideachadh na Comhairle a' libhrigeadh nan dleastanasan aice fo Phlana na Gàidhlig agus tha a' mhòr-chuid air a chleachdadh airson Foghlam tron Ghàidhlig agus Foghlam Luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig a libhrigeadh. Ged a tha seo susbainteach agus fàilte air, bu chòir toirt fa-near gu bheil a' mhòr-chuid de chaiteachas Gàidhlig na Comhairle a' tighinn bho phrìomh bhuidseatan na Comhairle fhèin.

Airson na bliadhna ionmhasail 2026/27, chuir a' Chomhairle a-steach tairgse gu Tabhartas Sònraichte na Gàidhlig (TSG) airson £1.379M mu choinneimh caiteachas ro-mheasta iomlan de £8.381M. Chaidh an tairgse a chur a-steach air 18 Dùbhlachd

2025. Air 19 Màrt 2026, chaidh tabhartas de £940,000 a thoirt dhan Chomhairle co-cheangailte ri cosgais a bhith a' cur taic ri foghlam Gàidhlig.

A bharrachd air prìomh mhaoineachadh na Comhairle agus TSG, bidh buidseat na Gàidhlig cuideachd a' gleidheadh maoineachadh a bharrachd tro thairgsean airson phròiseactan sònraichte bho Bhòrd na Gàidhlig agus maoineachadh calpa airson na Gàidhlig bho Riaghaltas na h-Alba.

3.2 Laghail

Tha e mar riatanas air Comhairle na Gàidhealtachd am Plana Gàidhlig aice a bhuileachadh fo Achd na Gàidhlig (Alba) 2005.

3.3 Cunnart

Tha buidseat Tabhartas Sònraichte na Gàidhlig aig Riaghaltas na h-Alba mar as trice a' faighinn mòran iarrtasan agus tha sin a' ciallachadh gu bheil an t-sùm iomlan a tha a' Chomhairle ag iarraidh gu math dùbhlach. Mar thoradh, feumar ath-mheasadh a dhèanamh air na pròiseactan san tairgse agus an atharrachadh a rèir a' ghoireis a tha ri fhaotainn.

3.4 Slàinte is Sàbhailteachd (cunnartan a' tighinn am bàrr mar thoradh air atharrachaidhean do dh'uidheamachd, acfhainn, pròiseas no daoine) – Chan eil cunnartan sònraichte sam bith ann.

3.5 Gàidhlig

Tha an t-iarrtas a' sealltainn gu bheil a' Chomhairle àrd-amasach mu bhith a' gleidheadh is a' fàs na Gàidhlig thar nan roinnean is nam buidhnean-aoise uile agus a' cur luach air buannachdan foghlamach, sòisealta, cultarach is eaconamach a' chànain.

4. Buaidhean

4.1 Ann an Comhairle na Gàidhealtachd, tha poileasaidhean, ro-innleachdan no atharrachaidhean seirbheis uile fo ùmhachd sgrìonaidh amalaichte airson buaidh air Co-ionannachdan, Bochdainn is Còraichean Daonna, Còraichean is Sunnd Chloinne, Atharrachadh na Gnàth-shìde, Eileanan is Coimhearsnachdan Dùthchail air Tìr-mòr, agus Dìon Dàta. Far a bheil feumalachd air a h-aithneachadh, thèid measadh buaidh iomlan a ghabhail os làimh.

4.2 Tha a bhith a' beachdachadh air buaidhean na phàirt bhunaiteach dhen phròiseas cho-dhùnaidhean agus feumaidh seo fios a chur ris a' phròiseas cho-dhùnaidhean. Nuair a thathar a' tighinn gu co-dhùnadh sam bith, feumaidh Buill aire iomchaidh a thoirt do thoraidhean measaidh sam bith.

4.3 'S e aithisg ùrachaidh a tha seo agus mar sin chan eil feum air measadh buaidh.

5. Adhbhar

5.1 Tha Tabhartas Sònraichte na Gàidhlig air a thoirt seachad airson comas a thoirt dhan Chomhairle na builean a tha air am mìneachadh mu choinneamh trì cinn pròiseict a choinneachadh. Tha na builean pròiseict co-cheangailte ri Plana Gàidhlig Chomhairle na Gàidhealtachd, agus ri gealltanais Foghlam Gàidhlig a chur air adhart.

- 5.2 Tha Riaghaltas na h-Alba air mìneachadh gu bheil cuideam a' sìor fhàs air buidseat na Gàidhlig agus seach nach deach seo àrdachadh gun robh coltas ann nach deidheadh an t-iarrtas iomlan againn a thoirt seachad agus tha seo air tachairt airson grunn bhliadhnaichean a-nis.
- 5.3 Tha an clàr a leanas a' toirt seachad foir-shealladh de Thabhartas Sònraichte na Gàidhlig a chaidh a thoirt do Chomhairle na Gàidhealtachd. Tha gach pròiseact agus an goireas a th' air a thoirt seachad cuideachd air a ghabhail a-steach san fhiosrachadh.

	26/27
An t-sùm iomlan a fhuair a' tro Thabhartas Sònraichte na Gàidhlig	£940,000.00
Pròiseact 1 – Planadh, Buileachadh Poileasaidh agus Goireasan Gàidhlig	£204,760.00
Pròiseact 2 – Gàidhlig san Dachaigh agus ann an Coimhearsnachdan – Pròiseactan Ionnsachaidh & Leasachaidh a' gabhail a-steach 0–3	£166,388.00
Pròiseact 3 – Gàidhlig ann am Foghlam Tràth-ionnsachaidh is Cùraim-chloinne, Bun-sgoile agus Àrd-sgoile	£568,852.00

6. Tairgsean is Toraidhean Tabhartas Sònraichte na Gàidhlig 2026/27

- 6.1 Tha trì cinn phròiseict a' buntainn ri Foghlam Gàidhlig air am mìneachadh san iarrtas:

Pròiseact 1 – Planadh, Buileachadh Poileasaidh agus Goireasan Gàidhlig

Pròiseact 2 – Gàidhlig san Dachaigh agus ann an Coimhearsnachdan – Pròiseactan Ionnsachaidh & Leasachaidh a' gabhail a-steach 0–3

Pròiseact 3 – Gàidhlig ann am Foghlam Tràth-ionnsachaidh is Cùraim-chloinne, Bun-sgoil agus Àrd-sgoile

- 6.2 Toraidhean airson Gach Pròiseact

- 6.2.1 Pròiseact 1:

- Thoir seachad stiùir ro-innleachdail airson na Gàidhlig taobh a-staigh raointean prìomhachais sònraichte Foghlaim ann am Plana Gàidhlig Chomhairle na Gàidhealtachd 2024–29.
- Aontaich agus lìbhrig plana buileachaidh ùraichte agus buidheann-obrach tar-seirbheis airson a' Phlana Ghàidhlig.
- Dèan cinnteach à dòigh-obrach a bhios a' gabhail a-steach na Gàidhealtachd air fad airson 's gum bi goireasan is pròiseactan air an solarachadh ann an dòigh chothromach.
- Dèan cinnteach gu bheil a' Ghàidhlig air a cur air adhart gu gnìomhach air Ghàidhealtachd, agus gu bheilear a' dèanamh measadh càileachd taobh a-staigh frèam-obrach de choileanadh is riaghlachas agus gum bi seo a' freagairt air feumalachdan nan coimhearsnachdan againn air fad.

- Thoir taic is cuideachadh do choimhearsnachdan ionadail gus a' Ghàidhlig fhighe a-steach do na planaichean àite ionadail aca.
- Cùm sùil air leasachaidhean ann am foghlam Gàidhlig agus, far a bheil sin a dhìth, leasaich poileasaidhean a tha a' neartachadh solar, a' dèanamh cinnteach à taic ro-innleachdail do luchd-foghlaim, luchd-ionnsachaidh, sgoiltean is coimhearsnachdan.
- Meudachadh tro Acadamaidh a' Mhòid ann an Solar Gàidhlig C2 agus C3 – Tha targaid aig Comhairle na Gàidhealtachd de 70% de sgoiltean a' tabhann na Gàidhlig mar C2 no C3 a' leantainn libhrigeadh prògraim thairis air ùine Plana na Gàidhlig (Prìomhachas Ro-innleachdail PG). Tha am pròiseact seo ag amas air cur ris a seo le bhith a' cuimseachadh air 20 sgoil, a' cur 15% a bharrachd gu ruige an targaid:
 - Co-dhiù 450 sgoilear ann an 15 sgoiltean ùra a' gabhail pàirt ann an gnìomhan cultarach Gàidhlig (ceòl, dràma, ealain) co-cheangailte ri ionnsachadh cànan C2/3.
 - Fianais air adhartas curraicealaim agus ionnsachadh.
 - 80% de sgoilearan a tha a' gabhail pàirt ann an gnìomhan cultarach a' dol air adhart gu leasan na Gàidhlig a bharrachd (C2 no C3) taobh a-staigh na bliadhna acadaimigich.
 - Barrachd misneachd agus sgilean sa Ghàidhlig.
 - 70% de sgoilearan agus tidsearan ag aithris gu bheil barrachd misneachd aca ann a bhith a' cleachdadh fhaclan is abairtean Gàidhlig tro gnìomhan cultarach (air a thomhas tro shuirbhidhean).

6.2.2 Pròiseact 2:

A – A' Ghàidhlig san Dachaigh is ann an Coimhearsnachdan. Nì sinn na leanas:

- Libhrig cothroman gus taic a thoirt do luchd-ionnsachaidh inbheach ann an co-theacsa coimhearsnachd, a leithid tursan còmhnaidheach is co-iomlaideach do dh'inbheach.
- Cruthaich goireas Gàidhlig air-loidhne do phàrantan FtG, gus taic a chur ris a' Ghàidhlig san dachaigh.
- Lean air adhart a' toirt taic do bhuidhnean coimhearsnachd leis a' phrògram aca de gnìomhan Gàidhlig.
- Tabhainn prògram adhartach de chlasaichean Gàidhlig ionnsachadh inbheach stèidhichte sa choimhearsnachd.
- Lean air adhart a' cur tachartas trèanaidh air dòigh do dh'oidean Gàidhlig gach bliadhna ann an sgìre na Gàidhealtachd.
- Cuir air dòigh bùithtean-obrach 'FtG agus Buannachdan Dà-chànanaich', a tha ag amas air pàrantan nan tràth-bhliadhnaichean.
- Cuir air dòigh iomairtean agus tachartasan brosnachaidh ionnsachadh teaghlaich gus taic a thoirt do phàrantan is sgoilearan FtG.
- Cuir air dòigh agus libhrig Seachdain Ionnsachadh Gàidhlig Teaghlaich ann an com-pàirteachas le Sabhal Mòr Ostaig.
- Lean air adhart a' tabhann seata de chlasaichean Gàidhlig adhartach gus taic a chur ris a' Ghàidhlig san dachaigh.
- Libhrig raon de thachartasan coimhearsnachd, a' gabhail a-steach cothroman airson gnìomhan eadar-ghinealaich.
- Rannsaich is dèan sgrùdadh air iomairtean còmhla ri buidhnean com-pàirteach gus fios fhaighinn air far a bheil seann sgoilearan FtG air cumail a' dol le

foghlam adhartach. Thèid toraidhean an rannsachaidh a cho-roinn le luchd-ùidhe.

B – Coimhearsnachd na Gàidhlig ann an Tràth-ionnsachadh is Cùram-chloinne. Nì sinn na leanas:

- Lìbhrig am plana trì-bliadhna Breith gu Trì.
Cuir ris a’ ghoireas Fàs Foghlaim, agus dèan cinnteach gu bheil e a’ co-thaobhadh ris a’ Phlana Nàiseanta, le bhith a’ leasachadh duilleag fiosrachaidh mu FtG; agus ùraich leabhar-làimhe fiosrachaidh do phàrantan Chomhairle na Gàidhealtachd mu FtG.

C – Coimhearsnachd na Gàidhlig sa Bhun-sgoil. Nì sinn na leanas:

- Cuir taic ri, agus meudaich, gnìomhan neo-churraicealach a tha air an lìbhrigeadh tron Ghàidhlig.
- Ann an co-bhann le buidhnean Gàidhlig, meudaich cothroman do sgoilearan FtG gus ceangal a thogail le ealain, ceòl is cultar na Gàidhlig.
- Ann an co-bhann le HLG agus buidhnean Gàidhlig, meudaich cothroman airson spòrs agus cothroman ionnsachaidh air a’ bhlàr a-muigh do sgoilearan FtG ann an sgìre na Gàidhealtachd.
- Lean air adhart ag obair còmhla ri Ainmean-Àite na h-Alba gus cùrsa ainmean-àite a leasachadh do sgoilearan bun-sgoile FtG.
- Lean air adhart a’ leasachadh phlanaichean ionnsachadh is leasachadh coimhearsnachd ann an com-pàirteachas le sgoiltean FtG, cuir air dòigh tachartasan gus aire a thogail agus lean air adhart ag obair còmhla ri ùghdarrasan ionadail tron bhuidhinn Ghàidhlig nàiseanta GLAD.
- Ann an com-pàirteachas le sgoiltean FtG glèidh maoineachadh on taobh a-muigh gus taic a chur ri gnìomhan neo-churraicealach agus iomairtean coimhearsnachd, libhrig làithean cultair Gàidhlig ann an com-pàirteachas le sgoiltean FtG fa leth agus lean air adhart a’ tabhann chlasaichean ealain sa Ghàidhlig do chloinn.
- Thoir seachad prògraman de chleasan is de thachartasan Gàidhlig rè saor-làithean na sgoile gus cleachdadh na Gàidhlig a mheudachadh taobh a-muigh foghlam foirmeil.
- Obraich còmhla ri raon de bhuidhnean Gàidhlig gus cleasan spòrs agus cothroman ann an ceannardas spòrs a libhrigeadh do sgoilearan FtG ann an sgìre na Gàidhealtachd.
- Thoir taic do na tachartasan spòrs nàiseanta agus sa Ghàidhealtachd a leithid Cuach na Cloinne agus Cupa Iomain na h-Òige do sgoilearan FtG aois bun-sgoile.
- Obraich còmhla ri raon de bhuidhnean Gàidhlig gus gnìomhan ealain, ciùil is cultarach Gàidhlig a libhrigeadh do sgoilearan FtG.
- Obraich còmhla ri sgoiltean FtG gus planaichean ionnsachadh is leasachadh coimhearsnachd a leasachadh is a bhuileachadh, gus taic a thoirt do sgoiltean, sgoilearan, agus a’ choimhearsnachd Ghàidhlig san fharsaingeachd.
- Ann an com-pàirteachas le sgoiltean FtG, lean air adhart a’ gleidheadh maoineachadh on taobh a-muigh gus taic a chur ri bhith a’ leasachadh ghnìomhan neo-churraicealach agus iomairtean coimhearsnachd.
- Neartaich agus thoir tuilleadh leasachaidh air ceangal eadar ionnsachadh agus leasachadh coimhearsnachd taobh a-staigh nan sgoiltean anns a bheil Gàidhlig a-mhàin ann an sgìre na Gàidhealtachd.

D – Coimhearsnachd na Gàidhlig san Àrd-sgoil. Nì sinn na leanas:

- Meudaich an taic lionrachaidh do sgoilearan FtG anns na h-àrd-sgoiltean a tha co-cheangailte ris na sgoiltean anns a bheil Gàidhlig a-mhàin.
- Libhrig agus cuir air dòigh pròiseact bliadhnaile Seachdain nan Deugairean do sgoilearan FtG agus luchd-ionnsachaidh san àrd-sgoil.
- Cuir air dòigh tursan còmhnaidheach a tha a’ brosnachadh na Gàidhlig agus ceanglaichean cànan is cultair eadar dùthchannan Ceilteach.
- Obraich ann an com-pàirteachas le Leasachadh Sgìlean na h-Alba agus prìomh bhuidhnean ionadail is nàiseanta gus tachartas dreuchdan Gàidhlig a chur air dòigh gach bliadhna.
- Meudaich gnìomhan neo-churraicealach a tha air an libhrigeadh tron Ghàidhlig agus ann an co-bhann le buidhnean Gàidhlig, meudaich cothroman do sgoilearan FtG ceangal a thogail le ealain, ceòl is cultar na Gàidhlig.
- Ann an co-bhann le HLG agus buidhnean Gàidhlig, meudaich cothroman airson spòrs agus ionnsachadh air a’ bhlàr a-muigh do sgoilearan FtG ann an sgìre na Gàidhealtachd.
- Obraich ann an com-pàirteachas le buidhnean Gàidhlig a leithid Comunn na Gàidhlig (CnaG), Iomain Cholm Cille (ICC) agus FC Sonas, a bharrachd air High Life na Gàidhealtachd (HLG) gus tachartasan spòrs Gàidhlig a libhrigeadh gu nàiseanta agus gu h-ionadail. Leanaidh sinn oirnn cuideachd a’ libhrigeadh tachartas coidsidh Ceannardas Spòrs Gàidhlig Àrd-sgoile.
- Thoir taic do dh’àrd-sgiobaidhean ceannardais gus litearrachd ann am FtG a stiùireadh, a sgrùdadh is a mheasadh thar na sgoile, a’ dèanamh cinnteach gu bheil prionnsapalan bogaidh air am fighe a-steach.

6.2.3 Pròiseact 3:

Leasan Beò C3 1+2 L3:

- Ag amas air sgoiltean nach eil a’ libhrigeadh na Gàidhlig mar chànan a bharrachd aig an àm seo agus sgoiltean a tha ach aig a bheil tidsearan ùra a tha feumach air taic gus a’ Ghàidhlig a libhrigeadh mar C3.
- Taic a thoirt do thidsearan le bhith a’ toirt seachad teagasg Gàidhlig a tha ag amas air am misneachd a thogail gus an urrainn dhaibh an uair sin an gnìomh ionnsachaidh a libhrigeadh dhan chlas aca. Tha seo an uair sin a’ toirt cothrom seachad gus ionnsachadh a dhaingneachadh barrachd às dèidh nan leasan a tha air an stiùireadh le tidsear a’ chlasa.
- Tro chom-pàirteachas ann an cùrsa an Luchd-tòiseachaidh agus an uair sin a’ dol air adhart chun a’ chùrsa Leudachaidh, thathar a’ sùileachadh gun leanadh na sgoiltean seo air adhart a’ libhrigeadh na Gàidhlig mar chànan a bharrachd.

Trèanadh 1+2 Ionnsachadh Proifeiseanta Fad-dreuchd:

- Thoir seachad cothrom do thidsearan, ann an sgoiltean Gàidhlig C3 no sgoiltean eile eòlas a chur air briathrachas agus structaran sa ghoireas Go! Gaelic.
- Goireasan a bharrachd a tha rim faotainn a chur air adhart; modailean Gàidhlig 1+2, Dùbhlain GLEANS, ceangal sgoile/dachaigh Hub Didseatach na Gàidhealtachd.
- Com-pàirteachas anns na Leasan Beò a mholadh mar an ath cheum. Bheir seo meudachadh air an àireimh de thidsearan a tha comasach air a’ Ghàidhlig a libhrigeadh mar chànan a bharrachd sa chlas.

Ionnsachadh Proifeiseanta Gàidhlig

- Co-òrdanaich agus libhrig seiseanan airson ionnsachadh proifeiseanta fad-dreuchd do thidsearan FtG gus taic a chur ri builean ro-innleachd litearrachd sa Ghàidhlig.
- Ag obair ann an com-pàirteachas leis na buidhnean foghlaim Gàidhlig gus na prìomh phoileasaidhean litearrachd aig Foghlam Alba a leasachadh airson na Ghàidhlig.
- A' toirt taic do luchd-cleachdaidh FtG taobh a-staigh an ùghdarrais ionadail a thaobh leasachaidhean litearrachd sa Ghàidhlig.
- A' stèidheachadh bhuidhnean-obrach is lìonraidhean luchd-cleachdaidh gus taic a chur ri bhith a' leasachadh pròiseact Litearrachd na Gàidhealtachd sa Ghàidhlig.
- Tha oifigearan foghlaim air a bhith gnìomhach is cunbhalach a thaobh a bhith a' cur air adhart Ionnsachadh Proifeiseanta Gàidhlig agus lìonraidhean is bùithtean-obrach aghaidh ri aghaidh is air-loidhne do cho-obraichean foghlaim.
- Cuir air dòigh tachartas airson ionnsachadh proifeiseanta thar an ùghdarrais air fad airson latha in-sheirbheis sa Ghearran 2027.

Leasachadh Litearrachd ann am Foghlam tron Ghàidhlig

- Thoir taic do sgoiltean gus dòighean-obrach Litearrachd na Gàidhealtachd a leasachadh, a tha air am freagrachadh gu sònraichte airson litearrachd a leasachadh ann am FtG.
- Thoir taic do sgoiltean agus suidheachaidhean Tràth-ionnsachaidh is Cùraim-chloinne gus frèamaichean-obrach co-roinnte litearrachd airson FtG a chur an gnìomh, a' dèanamh cinnteach gu bheil co-leantaileachd is adhartas ann bho na tràth-bhliadhnaichean agus air adhart.
- Leasaich agus thoir taic do sgoiltean a thaobh a bhith a' libhrigeadh eadar-theachdan is innealan taice a tha air an cruthachadh gu sònraichte airson freagairt air builean FtG.
- Cuir taic ri measarrachd phroifeiseanta a thaobh obair sgoilearan FtG.

Caiteachas Tabhartas na Gàidhlig

7

7.1

Earrann caiteachais	Caiteachas tabhartais (£)
Pròiseact 1 – Planadh, Buileachadh Poileasaidh agus Goireasan Gàidhlig	£168,422
Pròiseact 2 – Gàidhlig san Dachaigh agus ann an Coimhearsnachdan – Pròiseactan Ionnsachaidh & Leasachaidh a' gabhail a-steach 0–3	£146,378
Pròiseact 3 – Gàidhlig ann am Foghlam Tràth-ionnsachaidh is Cùraim-chloinne, Bun-sgoil agus Àrd-sgoile	£625,200
IOMLAN	£940,000

Pròiseact 3 Tabhartas Chomhairle na Gàidhealtachd:

Foghlam Gàidhlig – Tràth-ionnsachaidh is Cùraim-chloinne, Bun-sgoil agus Àrd-sgoil 2025-26*	Iomlan
Luchd-obrach Tràth-ionnsachaidh is Cùraim-chloinne (Sgoil-àraich) Gàidhlig (le cosgaisean a bharrachd)	£1,538,918
Luchd-obrach bun-sgoile FtG (le cosgaisean a bharrachd)	£4,685,125
Luchd-obrach àrd-sgoile FtG (le cosgaisean a bharrachd)	£1,533,892
IOMLAN	£7,757,935

*Thoiribh fa-near gu bheil na figearan seo bhon Ghiblean 2026.

Tha Tabhartas Sònraichte Gàidhlig Riaghaltas na h-Alba na phàirt dhen phasgan mhaoineachaidh iomlan airson Pròiseactan 1–3. Tha an clàr gu h-àrd a' toirt barrachd fiosrachaidh a thaobh mar a tha an tabhartas agus a' Chomhairle a' cur ri cosgaisean obrachail a bhith a' lìbhrigeadh foghlam Gàidhlig. Tha cothromachadh a' mhaoineachaidh air a thoirt seachad le Comhairle na Gàidhealtachd tron phrìomh bhuidseat fhoghlaim aice.

Ainmeachadh: Iar-Àrd-Oifigear – Daoine

Ceann-latha: 30/06/26

Ùghdar: Lena Walker, Oifigear Taic Foghlaim